

# AN GAIDHEAL

## THE GAEL

THE MONTHLY MAGAZINE OF  
AN COMUNN GAIDHEALACH

Editor

REV. T. M. MURCHISON, M.A.

All correspondence should be addressed to the Editor, except that concerning advertising, which should be addressed to the Secretary, while Subscriptions should be sent to the Treasurer.

65 West Regent Street,  
Glasgow, C.2.

Telephone: DOUGLAS 1433.

### CLAR-INNSIDH

#### Principal Contents

Gaidhlig ("A.D. 1286")	.. .. ..	21
English		
The Late Mr. John J. Currie	..	25
Letters to the Editor	.. ..	25
Comunn Na h-Oigridh	.. ..	25
National Mod, Largs	.. ..	25
Is Manx Dead or Dying?	.. ..	26
"Mist on the Hill"	.. ..	26
Cultural Traditions and Military Interests	.. .. ..	27
Notes and Comments	.. ..	27
Fear Ghriminis agus Fear Bheinn-a- bhaoghla	.. .. ..	29
Treasurer's Notes	.. .. ..	30
An Gaidheal Og		
Each Buidhe Rònaidh	.. ..	5
Anns An Dorchadas	.. ..	5
Creideamh	.. ..	6
Eilean Bhatarsaidh	.. ..	6
Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir	.. ..	6

Leabhar LI

AM MART, 1956

Aireamh 3

## "A.D. Da Cheud Dheug Ceithir Fichead 's a Sia" 1286 A.D.

le IAIN M. MOFFATT-PENDER.

(An Dealbh-chluich an aon-sealladh, a choisinn Duais-chuimhneachain Seann Laoich na  
Céilidh a thugadh le Céilidh nan Gaidheal an Glaschu aig a' Mhòd Naiseanta, 1955).

AN LUCHD CLUICHE									
An t-Aba	-	-	-	-	-	-	-	-	An t-Ard-Athair Anastasius
An Sagart	-	-	-	-	-	-	-	-	An t-Athair Calum
An Seanchaидh	-	-	-	-	-	-	-	-	Ailean Iain
An Teachdaire	-	-	-	-	-	-	-	-	Mac Alasdair Eachainn
An t-Amadan-Cleasaiche	-	-	-	-	-	-	-	-	Tòmas Troich
An Ceannard-Airm	-	-	-	-	-	-	-	-	An Ceannard Somhairle
An t-Oganach	-	-	-	-	-	-	-	-	Aonghas Dubh
Ogha-nighinn an t-Seanchaïdh	-	-	-	-	-	-	-	-	Màiri
Ban-rìgh na h-Alba	-	-	-	-	-	-	-	-	A' Bhan-rìgh Yolande
A' Choisir,	Saighdearan,		Mnathan-Uasal						

Cha robh Alasdair III ach ochd bliadhna de  
aois aig an ám a fhuair a athair, Alasdair II,  
bàs. B' ann a thaobh an rìgh òig a bhith 'na  
bhalach a bha luchd-eachdraidh a' toirt uiread  
de chunntas air na nithibh a thachair aig a  
chrùnadh. Am measg nithean eile a bha iad  
ag ràdh, thubhaint iad gum b'ann an Laidinn  
agus am Fraingis a bha na mionnan-crùnaidh  
air an cur an céill. Agus bha e air a ràdh, an

uair chuir easbuig Chill Rimhinn an crùn air  
ceann an rìgh òig, an déidh da a bhith air a  
ungadh le h-olaidh, agus e 'na shuidhe air  
Clach a' Mhanaidh—is e sin ri a ràdh, an Lia  
Fail—an eaglais Sgàin, gun d'aidich a chuid  
thighearnan ùmhlaichd da air an glùinibh, agus  
gun do sgaoil iad an cuid bhrat fo a chosaibh.  
Agus an sin gun tàinig Seanchaïdh Gàidhealach  
ann, agus gun d' innis esan do'n rìgh òg ainmean